

AR STÒRAS GÀIDHLIG

Sgrùdadh-cùise: Facal



Tha an rannsachadh o chionn ghoirid air luach na Gàidhlig mar so-mhaoin eaconamach is shòisealta, a' sealltainn dhuinn eisimpleirean air ciomar a bhios gnìomhachasan, iomairtean sòisealta, agus coimhearsnachdan a' cleachdadh Gàidhlig, agus de cho cudromach sa tha i ann an conaltradh, amasan sòisealta agus coimearsalta. Tha an sgrùdadh-cùise seo a' taisbeanadh ciomar a tha Facal, Cataibh a' cleachdadh Gaelic mar so-mhaoin.

'S e gnìomhachas sheirbheisean cànan le dithis luchd-obrach a th' ann am Facal agus tha e stèidhte ann an Srath Nabhair, Cataibh. Tha a' mhòr-chuid de dh'obair na buidhne co-cheangailte ri tar-sgrìobhadh is eadar-theangachadh, agus tha e cuideachd an sàs ann an oideachadh agus pròiseactan eile co-cheangailte ri cànan is dualchas na Gàidhlig, leithid faclair de dhual-chainnt na sgìre, planaichean Gàidhlig ionadail, a' clàradh teachdaireachdan fòn sa Ghàidhlig agus a bhith a' tabhann sheirbheisean eadar-theangachaidh aona-ghuthach.

Tha tar-sgrìobhadh a' cunntas airson 60% den obair aca, agus an còrr eadar-theangachadh. Tha iad cuideachd a' tabhann sheirbheisean do bhuidhnean poblach. Seo cuid de na buidhnean dha bheil iad air pròiseactan a choileanadh anns na beagan bhliadhnanachan a dh'fhalbh:

- Iomairt na Gàidhealtach 's nan Eilean.
- Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.
- Dualchas Nàdair na h-Alba.
- Coimisean na Coilltearachd.

Tha Facal cuideachd a' libhrigeadh oideachadh gu h-ionadail agus nas fhaide air falbh. Tha gach earrann de dh'obair Facal a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus tha neach-seilbh a' chompanaidh ag ràdh gu bheil a' Ghàidhlig aig cridhe na tha iad a' dèanamh.

Bha ainm Gàidhlig airson a' ghnòthachais, Facal, air a mheas mar chudromach a thaobh an seòrsa obrach a tha an gnòthachas a' dèanamh, a' cur an cèill a nàdar aig toiseach gnòthaich, agus cuideachd a' toirt boillsgeadh air nàdar gnìomh a' ghnòthachais.

Airson an luchd-seilbh, tha an dàimh leis a' choimhearsnachd ionadail de luchd-labhairt na Gàidhlig deatamach agus tha iad cuideachd a' creidsinn gun cuidich an obair aca ann a bhith a' libhrigeadh chlasaichdan gu h-ionadail le bhith ag atharrachadh cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ann an dòigh dhearbhadh.

Tha an luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh a' ghnòthachais airson conaltradh, agus tha iad cuideachd

a' cleachdadh na Gàidhlig aig toiseach is deireadh puist-d far a bheilear ga mheas iomchaidh. Tha Facal cuideachd air stuthan foillseachaidh Gàidhlig a chleachdadh airson follaiseachd a' ghnòthachais àrdachadh, ach an-dràsta tha iad ag obrachadh aig nas urrainn dhaibh.

Ged a tha iad ag obrachadh ann an sgìre cruinn-eòlach far a bheil cleachdadh na Gàidhlig air crìonadh, tha an luchd-seilbh a' creidsinn gu bheil a' Ghàidhlig a' toirt dhaibh bun-stèidh airson an gnìomhan. Mar a thuirt aon de na com-pàirtichean: "Ghluais mi às na h-Eileanan an Iar an seo – 'tha e a' sealltainn gun urrainn dhut thu fhèin a chumail a' dol".

Air fhoillseachadh le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Airson an aithisg uile agus foillseachaidhean eile, thigear gu www.hie.co.uk/gaelic

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Facal, thigear gu www.facal.co.uk

Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean,
Taigh Friseal, Sràid nam Manach,
Inbhir Nis, IV1 1BA, Alba

t. **+44 (0)1463 234171**
f. **+44 (0)1463 244469**
e. **info@hient.co.uk**

Sixty percent of its work is transcription, and the remainder is translation. It also delivers services to public bodies.

Organisations for whom it has completed projects over recent years include:

- Highlands and Islands Enterprise.
- The National Library of Scotland.
- Scottish Natural Heritage.
- The Forestry Commission.

Facal also deliver tuition locally and further afield.

All of Facal's work is related to Gaelic, and the company's owner notes that Gaelic is at the core of what they do.

Choosing a Gaelic business name Facal ('word') was seen as integral to the work that the business carries out, illustrating its nature from the outset, and also giving insight into the nature of the business's activity.

For the owner, their relation to the local Gaelic speaking community is crucial and they also believe that their work in providing local tuition may help transform the community use of Gaelic in a positive way.

Staff use Gaelic within the business for communication, and they also top and tail external e-mails where it is felt appropriate. Facal has also used Gaelic promotional material in the past to increase the visibility of the business, but at the moment are working at full capacity.

Although working in a geographic area where the use of Gaelic has declined, the owner believes Gaelic provides a sound basis for activity. As one of the partners said: "I've moved from the Western Isles to here – it shows you can sustain yourself".

Published by
Highlands and Islands Enterprise.

To view the full report and other related published materials visit www.hie.co.uk/gaelic

For more information on Facal visit www.facal.co.uk

Highlands and Islands Enterprise,
Fraser House, Friar's Lane,
Inverness, IV1 1BA, Scotland

t. +44 (0)1463 234171
f. +44 (0)1463 244469
e. info@hie.co.uk

AR STÒRAS GÀIDHLIG

Case study: Facal



The recent research into the economic and social value of Gaelic as an asset, highlights some key examples of how businesses, social enterprises and communities are using Gaelic, and its significance, in fulfilling their communication, commercial and social objectives. This case study demonstrates how Facal use Gaelic as an asset.

Facal language services is a two person business based in Strathnaver, Sutherland. Most of its work concerns transcriptions and translation, plus they it is involved in tuition and other projects to do with Gaelic language and heritage, such as a dictionary of the local Gaelic dialect, local language plans, recording answerphone messages in Gaelic, and providing simultaneous translation services.

